



COMUNN NA GÀIDHLIG

Aithisg Bhliadhnail 2004-2005

Ar Lèirsinn 's ar n-Amasan:

'S e lèirsinn ChnaG cothroman a chruthachadh do dhaoine is do choimhearsnachdan gus Gàidhlig a chleachdadh anns a' mhòr chuid de shuidhichidhean an Alba.

Coileanaidh CnaG an lèirsinn seo le bhith co-obrachadh, gu sònraichte tro fhoghlam agus ionnsachadh fad beatha, mathachadh cultarail, agus leasachadh eaconamaich agus sòisealta.

"Chan eil mòran uallaichean cho mòr ris na tha an lùib cùram air cànan is cultar; gu h-àraidh nuair nach eil iad sin ach ann an aon dùthaich a-mhàin. Ma gheibh a' Ghàidhlig bàs an Alba, bidh i marbh air feadh an domhain. Ma thig piseach oirre an Alba, bheir sin misneach is dòchas do dhaoine eile air a bheil an aon chùram is uallach. Sin an dùbhlán 's an cothrom.

Nam bheachd-sa, tha a' Ghàidhlig a' cur gu mòr ri dearbh-aithne na h-Alba air fad.

Dhaibh siud a tha airson conaltradh tro mheadhan mion-chànain mar a tha a' Ghàidhlig, feumaidh gu bheil e coltach uaireannan ri dhol an aghaidh na bruthaich ann a bhith a' glèidheil cànan a dh'fhuiling neo-shuim no eadhon nàimhdeas aig amannan.

Anns an t-suidheachadh sin, chan iongnadh gu bheil a' Ghàidhlig lag ach 's iongantach gu bheil i ann idir – ann an linn, tha mi 'n dòchas, nuair a thèid cuideam a chur air tuigse."

A Mhòrachd Rìoghail am Prionnsa Teàrlach, Diùc Bhaile Bhòid, aig Sabhal Mòr Ostaig anns an Eilean Sgitheanach, Diluain 27 Sultain 2004.



Facal bhon Chathraiche 2004/05

'S e bliadhna eachdraidheil a tha air a bhith againn ann an saoghal na Gàidhlig ann an iomadach dòigh.

Anns an t-Sultain 2004 bha CnaG fhèin a' comharrachadh fichead bliadhna bhon a chaidh a' bhuidheann a stèidheachadh agus ghabh sinn an cothrom an dèidh na coinneimh bhliadhnail air an 28mh latha den t-Sultain co-chruinneachadh còmhla ri caraidean, cathraichean, buill a' Bhùird Stiùiridh agus luchd-obrach a bha agus a tha fhathast ag obair aig CnaG thairis air na fichead bliadhna bho 1984.

Bha oidhche air leth shoirbheachail againn a chòrd ris a h-uile duine agus bha e gu math iomchaidh gun tug Ceiteag NicGhriogair - a bha aig obair do ChnaG na Rianadair airson a' chiad dusan bliadhna - dhuinn iomradh pearsanta air saoghal ChnaG aig toiseach tòiseachaidh na buidhne. Chòrd an òraid aig Ceiteag ris a h-uile duine cho math agus gu bheil sinn ga fhoillseachadh anns an aithisg seo.

Bu mhath leamsa mo thaing a thoirt dhan a h-uile duine a tha air a bhith an sàs ann an obair ChnaG bho 1984. Rinn a h-uile duine obair mhòr ann an obair leasachaidh na Gàidhlig agus tha e gu math freagarrach gum faic sinn air a' bhliadhna seo buaidh na h-obrach sin nuair a dh'aontaicheas a' Phàrlamaid ri Bile na Gàidhlig sa Ghiblean 2005. Rinn CnaG fhèin stri mhòr, as leth coimhearsnachd na Gàidhlig, airson inbhe thèarainte a thoirt dhan chànan a bharrachd air iomadh iomairt eile mar Craoladh Gàidhlig agus Foghlam Gàidhlig. Tha sinn toilichte gun do ghabh Comataidh an Fhoghlaim ris a' mhòr chuid de na h-atharraichean a chur sinn a-staigh airson a' Bhile a dhèanamh na bu làidire. Tha sinn a-nis, còmhla ri coimhearsnachdan na Gàidhlig air fad, a' coimhead air adhart ri buaidh Achd na Gàidhlig agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig.



20th Anniversary - September 2004

Ghabh sinn an cothrom sùil as ùr a thoirt air dleastanasan agus structar ChnaG agus chaidh sgrùdadh mionaideach a dhèanamh le Reference Economic Consultants air na dleastanasan agus air an structar againn. Tha mi toirt taing dhan iomadach duine a thug beachdan do Tom Matthew agus Eòghainn MacAoidh. Tha na molaidhean aca ciallach agus reusanta agus ghabh am Bòrd Stiùiridh riutha sa Ghearran 2005. Gu mì-fhortanach chan eil sinn fhathast air maoinachadh fhaighinn a chuireas na molaidhean an cèill ach bidh sinn a' leantainn air adhart agus a' bruidhinn ri lomairt na Gàidhealtachd, gu sònraichte, an dòchas gum faigh sinn airgead airson an structair ùire a chur an sàs. Chan eil teagamh ann nach eil feum mhòr air seo ma tha sinn gu bhith deiseil airson na dùbhlain a tha romhainn airson math na Gàidhlig.

Tha sinne mothachail nach toir Achd na Gàidhlig, Foghlam Gàidhlig no Planaichean Gàidhlig piseach air suidheachadh a' chànan mur a bi i air a bruidhinn gu nàdarra anns na dachaighean, anns na coimhearsnachdan, anns na bùthan agus na h-àiteachan-obrach mar chànan anns a bheil daoine moiteil airson a bruidhinn. 'S ann aig ìre coimhearsnachd a tha sinn a' faicinn an dùbhlain as motha agus chan eil teagamh sam bith nach bi feum air a h-uile taic agus a h-uile beachd 's comhairle airson dèanamh cinnteach gun tèid ar cànan, ar cultar agus ar dualchas bho neart gu neart anns na coimhearsnachdan gus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a leudachadh gu mòr.

Mar a chì sibh anns an aithisg seo, shoirbhich gu math leinn le ar n-amasan air a' bhliadhna seo. 'S ann bho Bhòrd na Gàidhlig agus lomairt na Gàidhealtachd a tha sinn a' faighinn a' chuid mhòr dhan mhaoineachadh airson nam pròiseactan againn agus tha mi airson taing mhòr a thoirt dhaibh airson na taice tha iad air a thoirt dhuinn.

Lùiginn fàilte chridheil a chur air na buill ùra a thàinig còmhla rinn thairis air a' bhliadhna - An Comhairliche Ailig Dòmhnallach, Ceann-suidhe Chomhairle nan Eilean Siar, Iain MacLeòid as leth A' Chomuinn Ghàidhealaich; Iseabail NicGilleathain a tha riochdachadh Òigridh; agus Derek Moireach a tha riochdachadh Na h-Ealain.

Tha sinn air tòrr a dhèanamh anns an ùine ghoirid bho chaidh am Bòrd Stiùiridh atharrachadh anns an Dùbhlachd 2004 agus tha mi a' toirt mo thaing dhaibh airson na tha iad air a' dhèanamh suas chun a seo. Lùiginn cuideachd taing a thoirt dhan a' Cheannard agus an luchd obrach airson an dicheall, an dealas agus an saothair thairis air a' bhliadhna chaidh seachad.

Màiri Bremner
Cathraiche



LÈIRMHEAS AIR NA PRÌOMH THACHARTASAN 2004/05

Chuir sinn seachad a' chuid mhòr den bhliadhna 2004/5 an sàs ann an tagraidhean gu Comataidh an Fhoghlaim agus gu Buill Pàrlamaid le atharraichean air Bile na Gàidhlig; anns an obair an lùib sgrùdadh dhleastanasan agus structar ChnaG le Reference Economic Consultants; agus chaidh tòrr leasaichean eile air adhart le pròiseactan sònraichte aig ìre coimhearsnachd.

Tha sinn toilichte gun deach leudachadh gu mòr air Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach air an t-Samhradh 2004 far an robh trì air fhichead oileanach a' faighinn cothrom obrach airson deich seachdainean còmhla ri ochd deug buidheann. Airson a' chiad uair bha dithis ag obair aig Pàrlamaid na h-Alba ann an Dùn Èideann agus aon neach ag obair aig Ionad Cholm Chille, Ìle. Bha an còrr de na h-oileanaich sgapte eadar Inbhir Nis, Glaschu, An t-Eilean Sgitheanach agus anns gach ceàrnaidh de na h-Eileanan an Iar.

Tha an Sgeama seo air leth feumail, chan ann a-mhàin airson a bhith a' toirt cothroman cosnaidh do na h-oileanaich, ach cuideachd airson nan cothroman a tha na buidhnean fastaidh a' faighinn tro chom-pàirteachas agus tro bhith a' cur eòlas air oileanaich. A bharrachd air a sin tha na h-obraichean a' cruthachadh chothroman eaconamach ann an iomadh sgìre far nach biodh a leithid de chothroman aig oileanaich obair Ghàidhlig faighinn faisg air na dachaighean aca.

Bha sinn cuideachd fortanach gun deach cho math le Sgeama Luchd Ceumnachaidh far an d' fhuair sianar a bha air ùr cheumnachadh san t-Samhradh 2004 cothrom air obair fhaighinn aig sia buidhnean anns na h- Eileanan an Iar. Fhuair an Sgeama seo maoinachadh bho Chomhairle nan Eilean Siar agus maoinachadh Eòrpach tro ESF agus tha e a' coimhead coltach gum bi feadhainn de na h-oileanaich a' faighinn cothrom cosnaidh còmhla ri na buidhnean an dèidh àm crìochnachaidh an Sgeama. Bidh sinn an dòchas gum bi e comasach dhuinn maoinachadh fhaighinn anns a' bhliadhna ionmhais ùir airson Sgeama eile a chur air chois airson cothroman cosnaidh a thoirt do dh'oileanaich an turas seo air feadh Alba an dèidh dhaibh cùrsa colaiste no cùrsa oilthigh a chrìochnachadh san t-Samhradh 2005.

A dh'aindeoin an strì a tha iomadh buidheann air a dhèanamh airson sianal didsiotach Gàidhlig a stèidheachadh tha e na bhriseadh dùil mòr dhuinn nach eil mòran adhartais air a dhèanamh aig an ìre seo a thaobh barrachd maoinachaidh bhon Riaghaltas. Tha còmhraidhean a' dol air adhart eadar an Riaghaltas ann an Lunnainn agus ann an Dùn Èideann, Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, am BBC agus Buidheann Telebhisean Alba. Tha e do-chreidsinneach an dèidh a' mholaidh làidir a rinn Comataidh Comhairle na h-Eòrpa air craoladh Gàidhlig anns an aithisg aca bho chionn dà bhliadhna nach eil barrachd adhartais air a dhèanamh leis an Riaghaltas agus feumar cumail air adhart airson na h-iomairt a thoirt gu buil.

Mar phàirt dhen iomairt seo chaidh coinneamh de na buidhnean Gàidhlig a chumail ann an Inbhir Nis air 3 Màrt 2005 far an deach aontachadh gum biodh strì ga dhèanamh airson gun gabhadh aithisg OFCOM ris na molaidhean a thaobh an sianal didsiotach Gàidhlig.

Chuir Comunn na Gàidhlig air chois athchuinge air loidhne agus thug seo cothrom do faisg air mìle duine an taic a chur ris na h-iomairt seo.

Tha sinn air a bhith gu mòr an sàs, ann an com-pàirteachas le buidhnean eile anns na h-Eileanan an Iar, ann a bhith a' dealbh plana cànan airson roinn nan Eilean Siar. Thathar air mòran fiosrachaidh fhaighinn às an rannsachadh a rinn Fosglan air a' bhliadhna a chaidh seachad agus thèid am fiosrachadh seo agus fiosrachadh a chaidh a thogail bho choinneamhan coimhearsnachd air feadh nan eilean a chur ris a' phlana a thathar an dùil a bhios deiseil ro dheireadh 2005.

Tha sinn air oifigear pàirt ùine fhasdadh às leth Bòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd agus Buidheann Iomairt Inbhir Nis agus Inbhir Narainn, airson Plana Cànan Inbhir Nis agus Inbhir Narainn a cho-òrdanachadh. 'S e deagh eisimpleir a tha seo do sgìrean eile airson togail air, mus tig orra planaichean cànan ullachadh fo dhleastanasan Achd na Gàidhlig (Alba). Thug sinn cuideachd taic agus comhairle do dh'Oilthigh na Gàidhealtachd le bhith dealbh innleachd Gàidhlig dhan Oilthigh. Tha sinn an dòchas gum bi aon de na prìomh mholaidhean a bha anns an innleachd seo – Oifigear Leasachaidh Gàidhlig stèidhichte taobh a-staigh Oilthigh na Gàidhealtachd – air aontachadh taobh a-staigh mìos no dhà.

Air a' bhliadhna seo chaidh Deasbad Nàiseanta BT a Dhùn Èideann airson an dà chuairt mu dheireadh den cho-fharpais; an dara cuairt mu dheireadh ann an Sgoil Sheumais Ghill Easbaig agus a' chuairt mu dheireadh ann an togalach Pàrlamaid na h-Alba. Shoirbhich gu math le na buidhnean agus tha sinn a' cur meal an naidheachd air sgioba Sgoil Mhic Neacail, a bhuannaich an duais agus sgioba Àrd Sgoil Gheàrrloich a rinn cho math sa chuairt dheireannach. An dèidh na Deasbaid chaidh cuirm ciùil a chumail anns a' Phàrlamaid fo bhratach Thar Phàrtaidh na Gàidhlig agus chaidh seo a mhaoinachadh le Comunn na Gàidhlig.



Tha sinn mothachail gu bheil duilgheadasan fhathast againn le bhith fastadh oileanaich gu leòr a tha airson Gàidhlig a theagasg anns na bun-sgoiltean agus sna h-àrd-sgoiltean. Fhuair sinn maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig airson iomairt ùr "Thig a Theagasg" fhoillseachadh. Tha leabhran agus postairean tarraingeach air an deasachadh a bhios sinn a' toirt seachad do sgoilearan, do dh'oileanaich agus do phàrantan aig fèiltean dhreuchdan agus làithean fosgailte mar phàirt den iomairt againn airson barrachd luchd-teagaisg Gàidhlig a thàladh. Tha e cuideachd math a bhith faicinn gu bheil iomadach cùrsa a-nis air a dhealbh agus gu bheil roghainn aig daoine cùrsaichean a tha freagarrach dhaibh fhèin agus dhan an t-suidheachadh pearsanta aca fhèin a leantainn. Tha sinn an dòchas gum faigh sinn maoineachadh an ath bhliadhna airson sgeama taic do dh'oileanaich far am bi e comasach do Chomunn na Gàidhlig barrachd airgid a chur ma seach airson taic le cosgaisean chùrsaichean do dh'oileanaich a tha airson teagasg agus obair Ghàidhlig a dhèanamh.

Chaidh dà chruinneachadh sònraichte air adhart far an robh sgoilearan air feadh Alba a' tighinn còmhla ann an Dùn Èideann; thadhail sgoilearan air an Lios Luibheach Rìoghail agus chaidh cuideachd co-chruinneachadh a chur air chois le sgoilearan à diofar àrd-sgoiltean agus sgoilearan à Èirinn a Tuath fon ainm Ri Chèile far an robh deasbad, co-fharpais, spòrs, turasan agus tachartasan inntinneach eile. Shoirbhich cho math leis a' cho-chruinneachadh seo agus gu bheil fear na h-ath bhliadhna ga ullachadh airson Àrd Macha, san Fhoghar 2005.

Thug sinn maoineachadh do bhuidheann phàrantan agus sgoilearan à Dùn Èideann a chaidh airson seachdain a Cholbhasa airson Gàidhlig ionnsachadh còmhla ri muinntir an eilein sin. Thug sinn cuideachd taic le bhith stèidheachadh Buidhnean Proifeiseanta do Thidsearan Gàidhlig nan Àrd-sgoiltean (CLAS).

Anns a' Ghiblean chaidh dusan dheugair a Thiriodh airson campa an Earraich agus is ann am Port Rìgh a chaidh na Sradagan airson campa an t-samhraidh le 68 clann. Chòrd na cruinneachaidhean gu mòr riutha. Chaidh cuideachd ullachadh a dhèanamh airson co-chruinneachadh ann an Alba anns an Iuchar 2005 airson buidhnean òigridh bho mhion-chànain eile bhon Roinn Eòrpa.

Ged bha làn dhùil againn gum biodh Sgeama Gàidhlig sa Choimhearsnachd a' leantainn air adhart an dèidh deireadh a' Ghearran 2005, nuair a thàinig airgead an Roinn Eòrpa gu crìch cha robh e comasach dhuinn airgead a bharrachd fhaighinn airson an Sgeama a chumail a' dol. Mar sin 's e buidseat gu math beag a tha aig Comunn na Gàidhlig airson tabhartasan a thoirt seachad do bhuidhnean coimhearsnachd airson na bliadhna a tha romhainn.

Tha na cùrsaichean fèin leasachaidh air leudachadh gu mòr bho thòisich sinn còrr 's dà bhliadhna air ais. Bha cùrsa ga chumail airson luchd-ceumnachaidh agus airson luchd-teagaisg agus sgoilearan a bha dèanamh cùrsa cruinne-eòlais aig astar a bharrachd air na buidhnean àbhaisteach bho àrd-sgoiltean agus bhuidhnean Sradagan. Tha sinn toilichte gu bheil Ionad Loch Iall anns a' Ghearastan a-nis air neach-obrach fhastadh le Gàidhlig a bhios a' stiùireadh nan cùrsaichean sin às aonais uiread de thaic bho luchd-obrach ChnaG. 'S e eisimpleir mhath a tha seo far an do thòisich Comunn na Gàidhlig an iomairt air cùrsaichean fèin leasachaidh Gàidhlig ach far a bheil a-nise na h-earrainean Ghàidhlig den phròiseact mar phàirt den obair aig Ionad Loch Iall.

Thairis air a' bhliadhna chaidh seachad dh'fhalbh Cairistiona Cheanadach san Ògmhios 2004 an dèidh dhi a bhith faisg air dusan bliadhna ag obair aig CnaG, na sia mu dheireadh na Stiùiriche Òigridh. Dh'fhàg Mairead NicÌomhair a bha na Stiùiriche Foghlaim airson deich bliadhna, nuair a ghabh i obair ùr na h-òraidiche ann an Roinn Cheiltis Oilthigh Obair Dheathain. Anns a' Ghearran 2005 dh'fhalbh Donella Chaimbeul a bha an sàs ann an Sgeama Gàidhlig sa Choimhearsnachd nuair a fhuair i obair aig Bòrd Slàinte nan Eilean. Tha sinn ag guidhe gach soirbheachas dhaibh uile anns na cothroman ùra aca agus tha sinn toirt ar taing dhaibh airson an t-seirbheis a thug iad do ChnaG thairis air na bliadhnaichean.

Chuir sin fàilte air Angela Dhòmhnallach a tha ag obair ann an Roinn na h-Òigridh ann an Glaschu, agus Coinneach Combe a thòisich fon Sgeama Ceumnachaidh 2004 agus tha stèidhichte ann an oifis Steòrnabhaigh mar Oifigear Leasachaidh Teicneòlais agus a tha a' toirt taic do bhuidhnean eile mar Cli-Gàidhlig, An Comunn Gàidhealach, Mòd nan Eilean Siar agus An Gàidheal Ùr. Thòisich Aonghas MacLeòid ag obair ann an oifis Inbhir Nis mar Cho-òrdanaiche Plana Cànain Inbhir Nis 's Inbhir Narann. Bha ceathrar oileanach againn tron Sgeama Greis Gnìomhachais thairis air mìosan an t-samhraidh; Dhòmhnall Niall MacLeòid agus Gwen Nic Guaire ann an oifis Inbhir Nis, Fiona Dunn ann an oifis Ghlaschu agus Karen Mhoireasdan ann an oifis Steòrnabhaigh. Tha sinn an dòchas gun do chòrd an ùine a bha iad còmhla rinn riutha uile.

Mu dheireadh lùiginn taing mhòr a thoirt dhan luchd obrach a thug uiread de an ùine 's de an dealas ann a bhith a' coileanadh amasan ChnaG airson na bliadhna 2004/5. Tha sinn a-nis a' coimhead air adhart le misneachd agus làn bhrosnachadh ri na dùbhlain a tha romhainn ann an 2005/06.

**Dòmhnall Màrtainn
Ceannard**



ÒRAID CUIMHNEACHAIDH 20 BLIADHNA CHNAG

le Ceiteag NicGhriogair a bha na Rianadair aig CnaG bho 1985 gu 1997

A chàirdean... chan ann a h-uile latha bhios mòd aig Mac an Tòisich - 's gu dearbh chan ann a h-uile h-oidhche bhios mise bruidhinn ri dròbh dhaoine mar seo.

Ach 's e tha seo ach àm glè shònraichte 's CnaG air tighinn gu clach-mhìle nam fichead bliadhna.

Cha b' urrainn dhomhsa sin a leigeil seachad gun beagan smaointean a thighinn fom ùidh 's bu mhath leam smaoin no dhà a roinn leibh airson beagan mhionaidean.

Sa chiad dol-a-mach bidh mi tric a' beachdachadh air suaicheantas ChnaG - an t-eun - agus cho freagarrach 's a tha e na shamhla do ChnaG. Chan e eun sèimh, sàmhach na leth-chadal air nead a tha seo idir. 'S e th' ann ach am fìor-eun a thàinig à dualchas nan Gàidheal - beothail, treun, misneachail. Eun le spiorad - a sgiathan sgaoilte a' togail ris na speuran, a' toirt na Gàidhlig chun na h-àirde aig am bu chòir dhi bhith.

Saoilidh mi gu robh fìor lèirsinn aig na seòid a smaoinich air an eun an toiseach. 'S iad sin a' chiad Rùnaire bh' aig CnaG, Donnchadh MacGuairne agus a' chiad Chathraiche, Dòmhnall Iain còir nach maireann.

Nuair a stèidhicheadh Comunn na Gàidhlig san t-Sultain 1984 cha robh lorg fhathast air oifis. Ach fhuair aogheachd an toiseach an oifis Comunn a' Chlà Hearaich far an robh an Cathraiche stèidhichte agus an oifis a' Chomuinn Ghàidhealaich an Taigh Obar Thairbh a bha CnaG a' cleachdadh pàirt-ùine mar a bhiodh feum.

An ceann beagan mhiosan thug Comhairle Roinn na Gàidhealtachd cothrom do ChnaG feum a dhèanamh de Rùm 14 an Sgoil a' Challtuinn mar oifis gus am faighte oifis a bhiodh freagarrach. Mar sin nuair a chuir mise mo chiad eòlas air "oifis" ChnaG sa Ghiblean 1985 cha b' e oifis a bh' ann ach rùm sgoile.

Cha robh an sgioba obrach ach beag - an Stiùiriche, Iain Aonghas agus dìthis pàirt-ùine san oifis, Seasaidh NicIleathain is mi fhèin. Cha robh goireasan ach gann. Bha sinn a' cleachdadh bùird na sgoile airson deasgaichean. Bha aon fhòn againn eadar an triùir agus an latha thàinig an Stiùiriche staigh leis an dara fòn, 's e latha mòr a bh' ann!

Mus do ruith beagan mhiosan bha Oifigear Phròiseactan agus Oifigear Foghlaim air am fastadh. 'S e samhradh inntinneach agus dòchasach a bh' ann, gu sònraichte ri linn a' cho-labhairt a chumadh san t-Sabhal Mhòr "A dh'ionnsaigh Poileasaidh Nàiseanta airson na Gàidhlig".

Rinn sinn an imrich à Sgoil a' Challtuinn nuair a fhuair e oifisean le trì rumannan air Sràid an Acadamaidh. Trì rumannan! Deasgaichean is goireasan ùra! Abair gairdeachas - bha CnaG air an t-slighe!

Cha b' fhada gus an tàinig CNSA a-steach còmhla rinn agus bha oifis aig CLI greis san togalach cuideachd.

An dèidh rannsachaidh a rinneadh air na buidhnean Gàidhlig uile ghluais CnaG, CNSA is CLI gu 109 Sràid na h-Eaglaise dhan togalach san robh An Comunn Gàidhealach mar tha 's chuir seo gu mòr ri cuideachdas is co-obrachadh eadar na buidhnean. 'S e seo an imrich mu dheireadh a rinn CnaG gus an deach sinn dhan dachaigh sam bheil CnaG fhathast aig Caol-shràid Mhicheil.

Saoilidh mi gu robh na h-imrichean nan comharra air an adhartas a bha CnaG a' dèanamh tro na bliadhnaichean. Mar a bha na h-amasan is na h-iomairtean a' leudachadh, bha an sgioba obrach a' meudachadh. Mar sin bha feum air oifisean na bu mhotha 's na bu deiseile.

Seach gu robh sgioba na h-oifis a' toirt a h-uile taic a b' urrainn dhuinn dhan Bhòrd-stiùiridh, dha na stiùirichean 's dha na h-oifigearan leasachaidh sa h-uile raon, bha sinn a' faireachdainn gu robh sinn nar pàirt dhe na gluasadan a bha dol air adhart. Nuair a bhiodh cùisean a' dol gu math, bha sinn shuas air spiris ach nuair a nochdadh duilgheadasan - agus is minig a nochd - bha sinn shìos an Slochd na Mì-mhisnich. Tha mi creidsinn gur e seo a b' adhbhar gu robh dlùth dhàimh eadar luchd-obrach ChnaG aig gach ìre 's bha sin fhèin a' cur ri èifeachd na h-obrach.

San dusan bliadhna chuir mise seachad an seirbheis ChnaG chunnaic mi iomadh iomairt a' tighinn gu buil. Chunnaic mi iomadh atharrachadh. Ach bha aon rud nach do dh'atharraich agus tha mi 'n dòchas nach atharraich. Bha e na chleachdadh aig CnaG daonna a bhith dèiligeadh ris a h-uile duine aig gach ìre le ceartas is modh. 'S chan olc an teisteanas sin air buidhinn sam bith.

'S e mo dhùrachd sa nochd gum bi fìor-eun ChnaG a' dol o neart gu neart, gun èirich e mar iolair air a sgiathan, gun ruith e 's nach fhàs e sgìth, gun siubhail e 's nach fhàs e fann.





Coimhearsnachd agus Cultar

"A' toirt taic is misneachd do choimhearsnachdan ann a bhith a' neartachadh na Gàidhlig"

- A' stiùireadh Sgeama Gàidhlig sa Choimhearsnachd air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan, a' gabhail a-steach aonta air 113 phròiseact – 22 anns na h-Eileanan an Iar; 21 ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid agus 70 ann an sgìre na Gàidhealtachd, a' toirt a' chunntais iomlan de thabhartasan gu £262,000.00.
- A' dèanamh measadh air an Sgeama agus a' cur air dòigh co-labhairt le riochdairean bho na companaidhean Iomairt Ionadail, na Comhairlean Ionadail, Iomairt na Gàidhealtachd agus Bòrd na Gàidhlig airson beachdachadh air a' mheasadh.
- A' stiùireadh Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach 2004 airson 23 oileanach agus 18 buidhnean fastaidh agus Sgeama Bliadhna do dh'oileanaich a th' air ceumnachadh le 6 àitean anns na h-Eileanan an Iar le maoinachadh bhon Roinn Eòrpa (ESF) agus Comhairle nan Eilean Siar.
- A' cur beachdan gu Roinn Cultar, na Meadhanan 's Spòrs air sgrùdadh a' BhBC air a' Chùmhnant Rioghail, agus gu OFCOM air Craoladh Gàidhlig mar phàirt den iomairt airson sianal didsiotach Gàidhlig.
- A' maoinachadh iomadh tachartas agus cur-seachad turasachd chultarail air feadh Alba, leithid Ceòlas, Fèis Cheilteach Innse Gall, An Fhèis Ghàidhealach, Ceòl na Mara, Ceòl nan Loch, Fèis nan Òran agus Fèis Ceann an Iar Ghlaschu.
- A' gabhail pàirt ann am Buidhnean Comhairleachaidh Ionadail LEADER+, Na h-Eileanan an Iar, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse, Iar Thuath na Gàidhealtachd agus Sgeama Leasachadh Eaconamach nan Eilean an Iar agus a' toirt comhairle air iartasan airson taic airgid fo gach Sgeama.
- A' riochdachadh CnaG air Bòrd Stiùiridh Pròiseact nan Ealan, Fèisean nan Gàidheal, Ionad Ìle, An Lòchran, An Gàidheal Ùr, Stiùideo Alba, Forum Gàidhlig nan Eilean Siar agus Àrd Chomhairle a' Chomuinn Ghàidhealaich.

Ro-innleachd agus Foillseachadh

"Ag obair còmhla a' brosnachadh agus a' leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig"

- A' toirt beachdan do Chomataidh Foghlaim Pàrlamaid na h-Alba agus ag ullachadh ceithir phàipearan le molaidhean mar phàirt den chonaltradh air Bile na Gàidhlig (Alba).
- * A' toirt beachdan do Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas Bhreatainn air a' Chùmhnant Eòrpach airson Mion chànain agus Cànan Roinneil a thoirt gu buil.
- * A' dèanamh sgrùdadh choitcheann air bun-stèidh, dleasan agus structair ChnaG.
- * A' toirt taic rianachd do 8 Choinneamhan de Bhuidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba agus a' cur aon Chruinneachadh Bhliadhnail air dòigh airson Buill Pàrlamaid an co-bhoinn le cuairt dheireannach Deasbad Nàiseanta BT.
- * Ag ùrachadh làrach-lìn ChnaG, agus a' toirt taic teicneolas do Chli-Gàidhlig, An Comunn Gàidhealach, Mod nan Eilean Siar agus An Gàidheal Ùr.

* A' foillseachadh 6 bileagan air nithean co-cheangailte ri Gàidhlig, cairtean Nollaig 2004 agus mìosachan Gàidhlig 2005.

* Riochdachadh CnaG air A' Bhiùro Eòrpach airson Mion Chànain is Cànan Roinneil aig ceithir choinneamhan.

• A' gabhail pàirt ann an Coinneamhan, aig ìre Mhinistearan, gus beachdachadh air Bile na Gàidhlig.

• A' gabhail pàirt ann a bhith dealbh Planaichean Cànan Coimhearsnachd airson nan Eilean Siar agus a' stiùireadh obair co-òrdanachaidh Plana Cànan 's Cultair Inbhir Nis agus Inbhir Narainn.

• A' toirt taic le poileasaidh Gàidhlig airson Fèis Cheilteach Innse Gall, Bòrd Slàinte nan Eilean Siar agus Oilthigh na Gàidhealtachd.





- A' toirt taic airgid do Fharpaisean Litreachais aig an 101mh Mòd Nàiseanta Rioghail agus a' toirt fiosrachadh airson 4 foillsichidhean nàiseanta.
- A' toirt taic airgid airson 7 iartasan airson Sgeama Soidhnichean Dà-chànanach air feadh Alba.
- Ag ullachadh coinneamh phoblach ann an Inbhir Nis air 28 Sultain 2004 airson foillseachadh a dhèanamh air na gnothaichean anns an robh CnaG an sàs ann an 2003/04.

Foghlam agus Sgilean

"Brosnachadh foghlaim Gàidhlig agus sgilean aig gach ìre"

- A' cur air dòigh 5 Cùrsaichean Fèin Leasachaidh tro mheadhan na Gàidhlig aig Ionad Loch Iall airson oileanaich, sgoilearan agus luchd-ceumnachaidh.
- A' gabhail pàirt, an co-roinn le Urras Nàiseanta na h-Alba, anns na h-ullachaidhean airson an leasachaidh aig Cùil Lodair gus inbhe nas àirde a thoirt dhan Gàidhlig.
- A' frithealadh 6 Fèilltean Dhreuchdan.
- A' frithealadh coinneamhan gus coiteachadh a dhèanamh air an fheadhainn a tha an sàs ann an trèanadh thidsearan gus na h-iomairtean airson tidsearan fhasdadh an neartachadh agus an leasachadh; a' foillseachadh postair agus leabhran ùr "Thig a Theagaisg".
- A' frithealadh choinneamhan agus thachartasan air feadh Alba gus taic a chur ri obair Chomann nam Pàrant agus tagradh a chur gu Rìaghaltais na h-Alba air Bile na Gàidhlig agus Foghlam Ro-sgoile.
- Ag ullachadh leabhar-latha Gàidhlig airson nan àrd-sgoiltean agus nam bun-sgoiltean.
- Ag ullachadh Planair nan Sgoiltean 2005.
- A' toirt taic do dh'oileanaich ann an Colaistean is Oilthighean tro ghreisean gnìomhachais, taic airgid agus seirbheis fiosrachaidh.
- A' toirt taic do na Comhairlean Ionadail air feadh Alba le pròiseactan agus iomairtean eadar-dhealaichte.
- A' seirbheiseachadh agus a' gabhail pàirt ann an stèidheachadh Buidheann Proifeiseanta do Thidsearan Gàidhlig nan Àrd-sgoiltean (CLAS).
- A' gabhail pàirt anns na h-ullachaidhean airson tachartas Gaeilge/Gàidhlig a ghabh àite ann an Dùn Èideann le 10 sgoilear bho 5 diofar sgoiltean.
- A' leantainn le Sgeama Tadhal Dhachaighean anns a' Gàidhealtachd agus na h-Eileanan an Iar.
- A' toirt taic do na h-ullachaidhean airson Deasbad Nàiseanta BT 2004 le 16 Àrd-sgoiltean air feadh Alba.

Òigridh

"A' cruthachadh chothroman dhan òigridh gus a bhith cleachdadh na Gàidhlig"

- A' cur air dòigh 2 Champa Samhraidh airson nan Sradagan le 68 agus 1 Campa Dheugairean le 11.
- A' cur taic ri TOSG le bhith a' cur air adhart Panto Nollaige do bhuidhnean Shradagan agus do chloinn anns na Roinnean Gàidhlig ann an 23 àitean air feadh Alba.
- A' cur air dòigh 10 Seiseanan Trèanaidh airson luchd stiùiridh nan Sradagan.
- Coinneamhan airson Iùrosgoil 2005, a thèid a chumail anns a' Ghearasdan anns an Iuchar 2005.
- A' foillseachadh 4 irisean den chuairt-litir "An t- Sradag".





- A' cur air bhonn 10 cur-seachadan/tachartasan do agus eadar bhuidhnean òigridh.
- Ag ùrachadh làrach-lìn airson nan Sradagan.
- A' leudachadh air a' phoileasaidh Follaiseachd a-thaobh dìon chloinne, agus a' toirt trèanadh air a' phoileasaidh ùr Dìon Chloinne.
- A' co-obrachadh le Comann nam Pàrant (Nàiseanta)
- A' riochdachadh CnaG air Urras Shomhairle agus Buidheann Leasachaidh Coimhearsnachd 's Ionnsachadh.





IOMRADH IONMHAIS 2004/05

TEACHD A-STEACH	£'000
Iomairt na Gàidhealtachd	325
Bòrd na Gàidhlig	334
Comhairlean Ionadail	27
Companaidhean Iomairt Ionadail	14
Teachd a-steach Eile	9
IOMLAN	709

PÀIGHTE	£'000
Innleachd 's Foillseachadh	61
Fòghlam 's Òigridh	82
Coimhearsnachd 's Cultar	88
Cosgaisean 's Taic Phròiseactan	416
Pròiseactan Eile	62
IOMLAN	709

TAIC AIRGID DO PHRÒISEACTAN COIMHEARSNACHD 2004/05

Sgìre	Gàidhlig sa Choimhearsnachd	Eile
Na h-Eileanan an Iar	£55,612	£8840
Gallaibh 's Cataibh	£46,348	-
Earra-Ghàidheal 's Bhòid	£41,863	£711
Inbhir Nis agus Inbhir Narann	£36,698	£6200
Lochabar	£29,893	£1500
Ros 's Crombaidh	£21,563	£1000
An t-Eilean Sgitheanach	£19,577	£3900
Moraibh, Bàideanach agus Srath Spè	£11,053	-
Glaschu	-	£800
Dun Èideann	-	£1200
Air Fad	£262,607	£24,151



Chaidh Comunn na Gàidhlig (CnaG) a stèidheachadh ann an 1984, airson a bhith a' leasachadh agus a' co-òrdanachadh cùisean Gàidhlig mu choinneamh molaidhean san Aithisg Cor na Gàidhlig (1982). Bha a' chuid mhòr de na buidhnean a tha an sàs ann an ath-bheòthachadh na Gàidhlig air an riochdachadh air Bòrd Stiùiridh ChnaG, nam measg Iomairt na Gàidhealtachd, Comhairlean Ionadail agus An Comunn Gàidhealach. Leis a sin, seo a' phrìomh bhuidheann a th' aig coimhearsnachd na Gàidhlig airson am beachdan a libhrigeadh 's a chuir air adhart. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air bun-stèidh, dleastanas agus structar ChnaG thairis air a' bhliadhna a chaidh seachad, a' gabhail a-steach leasachaidhean a thàinig as dèidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Tha innleachd is poileasaidh ChnaG air an stiùireadh le Bòrd Stiùiridh. Suas gu 10 Dùbhlachd 2004, bha ballrachd a' bhùird mar a leanas:

Bòrd Stiùiridh ChnaG 2004-2005 (*Buidheann Gnìomh)

Buill Chorporra

Bh. Ph. Màiri Bremner (Neach Cathrach)*

Mgr Boyd Robasdan (Iar-Chathraiche)*

Cll Tormod A Dòmhnallach

Cll Ùisdean Friseal

Bh. Uas. Iona McHale

An t-Oll. Fearchar Mac an Tòisich CBE

Mgr Aonghas Dòmhnallach

An t-Oll. Alasdair Mearns

Mgr Iain M MacLeòid

Bh. Uas. Iseabail M NicIllinnein

Bh. Uas. Catriona Nic an t-Saoir

Mgr Iain Caimbeul*

Mgr Ridseard MacBhatair

Bòrd na Ceiltis

Comhairle nan Eilean Siar

Comhairle na Gàidhealtachd

Comann nam Pàrant Nàiseanta (bho Giblean 2004)

Cathraiche, Urrasairean Sabhal Mòr Ostaig

An Comunn Gàidhealach

Cathraiche, Comhairle nan Sgoiltean Àraich

Aonadh nan Croitearan

Neach Deasachaidh, Craoladh nan Gaidheal

Cathraiche, Fèisean nan Gaidheal

Iomairt na Gàidhealtachd

Cathraiche CLI Gàidhlig

Buill Co-thaghte

Mgr Dòmhnall Dòmhnallach*

Mgr Rob Dunbar*

Ionad Àros, An t-Eilean Sgitheanach

Oilthigh Obar Dheathain

Chaidh Bòrd Stiùiridh ùr a stèidheachadh san Dùbhlachd 2004 le ballrachd mar a leanas:

Bh. Ph. Màiri Bremner, Uibhist a Deas

Mgr Dòmhnall Dòmhnallach, An t-Eilean Sgitheanach

Mgr Iain Caimbeul, Inbhir Nis

Mgr Iain MacLeòid, Dùn Èideann

Cll Ùisdean Friseal, An t-Eilean Sgitheanach

Cll Ailig Dòmhnallach, Leòdhas

Bh Uas. Iseabail NicIlleathain, Barraigh

Mgr Derek Moireach, Glaschu

Cathraiche, Coimhearsnachd

Iar-Chathraiche, Gnìomhachas

Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean

An Comunn Gàidhealach

Comhairle na Gàidhealtachd

Comhairle nan Eilean Siar

Òigridh

Na h-Ealain

Prìomh Luchd Obrach

Mgr Dòmhnall Màrtainn*

Bh. Uas Mairead NicIomhair (gu Sultain 2004)

Bh. Ph. Chairistiona Cheanadach (gu Òg-Mhios 2004) Òigridh & Foillseachadh

Ceannard & Rùnaire a' Chompanaidh

Foghlam

Comunn na Gàidhlig

5 Caolshràid Mhicheil

Inbhir Nis IV2 3HQ

Fòn: 01463 234138 Facs: 01463 237470

oifis@cnag.org.uk

www.cnag.org.uk